

Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh

Diciadain 27 Giblean 2016, 1400-1700

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Magaidh Choineagan
Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis, BBC ALBA) – air fòn

Gnothaichean gnàthach

Thug macTV seachad taisbeanadh aig toiseach na coinneimh mun chompanaidh agus na prògraman a tha iad a' dèanamh. Bha seo mar phàirt de chuireadh a bha ga thoirt do na companaidhean riochdachaidh aig a bheil cùmhnant airson pasgan phrògraman airson BBC ALBA.

1. Leisgeulan

Alasdair MacCaluim, Catriona Nic a' Phì.

2. Gnothach Dearbhte

Jo NicDhòmhnaill – ag obair air sreath phrògraman airson BBC Radio nan Gàidheal “Bàs - an-diugh agus an-dè”.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 25/2/16

Aontaichte.

4. **Gnothaichean ag èirigh**

Rannsachadh mu bhuidh BBC ALBA

Chaidh aontachadh gluasad air adhart agus solarachadh a dhèanamh air leth. (Gnìomh: IMT)

Adhartas sa Ghnè: Clann & Òigridh

Chaidh innse gum biodh co-labhairt ann air 16/5/16 aig a' BhBC ann an Glaschu mun t-slighe air adhart airson na gnè seo. Bidh iomradh air seo ann airson Bòrd MG ALBA air 26/5/16. (Gnìomh: DC)

Airson deasbaid

5. **Measadh air coileantachd amasan leasachaidh tro chùmhnanan Pasgain MG ALBA**

Bha pàipear air beulaibh bhall le lèirmheas air coileantachd amasan leasachaidh mu choinneimh Pasgain MG ALBA.

Chaidh a chomharrachadh gu bheil na làithean leasachaidh le na riochdairean air a bhith cuideachail.

Chaidh a chomharrachadh gu robhas a' feuchainn ri na companaidhean riochdachaidh a leasachadh:

- 1) gus am bi bonn-stèidh làidir coimeirsealta aig ar luchd-solar;
- 2) gus am bi maoin na buidhne a' dol nas fhaide mar thoradh air co-riochdachadh agus co-mhaoineachadh.
- 3) gus an cuir na meadhanan Gàidhlig ri fàs nan gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.

6. **Sùil air ais air a' bhliadhna mu dheireadh de Phasgain Spòrs, Ceòl agus Aithriseach**

Bha taisbeanadh air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh feumail a chumail.

Mhol a' Chomataidh barrachd rannsachadh a dhèanamh air modhan-coimhead na seanail eadar 8-10f, a thaobh coimhead beò, air innealan clàraidh no air an iplayer. (Gnìomh: AE)

7a. Measadh FilmG

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air farpais 15/16, a bha soirbheachail, agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh innse gu robh diofar iomairtean gu bhith ann gus obair leasachaidh FilmG a leudachadh, mar eisimpleir taic airson sgrìobhadh airson comadaidh agus dràma, cùrsa MA ann an Sgrìobhadh Ficsean airson TBh le taic MG ALBA, iomairtean ann an co-bhonn leis a' BhBC agus le buidhnean eile. Mhol a' Chomataidh a bhith a' cur ri roghainnean agus ri slighean air adhart dhan fheadhainn a bha soirbheachail aig FilmG.

7b. Measadh Trèanadh

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan diofar iomairtean/còmhradhean san robhas an sàs co-cheangailte ri trèanadh. Bha a' Chomataidh riarachtaichte.

8a. Aithisg Bhliadhnail 2015/16 agus Clàr-obrach na Comataidh 2016/17

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail.

Chaidh aontachadh ri Aithisg Bhliadhnail 2015/16.

Chaidh aontachadh gun deidheadh an tuilleadh obrach a dhèanamh air Clàr-obrach na Comataidh 2016/17.

8b. Fèin-mheasadh na Comataidh

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail.

Chaidh iarraidh air buill an cuid beachdan a chur gu Cathraiche na Comataidh a thaobh ciamar a b' urrainn dhan Chomataidh a bhith nas èifeachdaiche.

Chaidh aontachadh cùrsa inntrigidh a chur air dòigh airson buill ùra na comataidh. (Gnìomh: MAMI)

9. Aithisg air luach agus èifeachdas oidhirpean sanasachd

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh am beachdan air na h-aithisgean a bhathas an dùil a sgaoileadh gach mìos. Chaidh ceist a thogail air soirbheas cuid de dh'iomairtean sanasachd na buidhne agus chaidh aontachadh bruidhinn ri comhairlichean na buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil sanasachd dha dhèanamh san dòigh as èifeachdaiche. (Gnìomh: IMT)

11. GISBE

Chaidh meal-a-naidheachd chuir air BBC Radio nan Gàidheal airson nan duaisean a choisinn iad aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach ann an Dungarvan.

12. Deit na h-ath choinneimh – 24/8/16, Steòrnabhagh

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: